

## Cur-seachadan

Tha mòran chur-seachadan agam!

A h-uile latha aig seachd uairean sa mhadainn, bidh mi a' dol a-mach a ruith airson uair a thìde còmhla ri mo charaid. An uair sin, bidh mi a' gabhail mo bhracaist agus a' dol a dh'obair.

Aig àm dinneir, bidh mi a' trotail airson leth-uair.

Aig sia uairean a h-uile Diluain, bidh mi fhìn agus mo charaid a' cluich teanas. Tha sinn a' dol gu Wimbledon am-bliadhna ach cha bhi sinn a' cluich teanas idir - bidh sinn a' coimhead teanas!

Dimàirt, bidh mi uaireannan a' snàmh bho ochd uairean gu naoi uairean.

Cha bhi mi a' dol a-mach Diciadain uair sam bith. Bidh mi a' fuireach a-staigh a' coimhead phrògraman air an telebhisean. Is toigh leam oidhche aig an telebhisean.

Diardaoin, bidh mi a' dol a chluich golf ma tha am feasgar tioram. Cha toigh leam a bhith a' cluich golf ma tha an t-sìde fliuch.

Oidhche Haoine, 's fheàrr leam a dhol a-mach gu deoch còmhla ri mo charaidean. Bidh sinn uaireannan a' dol gu diosgo no dannsa.

Aig an deireadh-sheachdain, bidh mi-fhìn agus mo bhràithrean a' seòladh. Tha bàta beag againn agus is toigh leinn a bhith ag iasgach air loch beag.

Chan eil mise uabhasach math air iasgach ach, gu dearbh, tha mo bhràithrean math!